

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

**F**

Total

--

**1220/401**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2007

FRIDAY, 25 MAY  
9.00 AM – 9.40 AM

**GÀIDHLIG**  
An Ìre Choitcheann  
Bun Ìre  
Leughadh

**Fill in these boxes and read what is printed below.**

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--	--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa  no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**



**EARRANN A****An Soircas**

Tha cuimhne glè mhath agam air m' ochdamh co-là-breith. Bha sinn air saor-làithean ann an Glaschu a' coimhead air mo cho-oghaichean. Fhuair mi cothrom tadhal air an t-soircas airson a' chiad uair. Abair gun do chòrd e rium! Bha ùidh mhòr air a bhith agam anns an t-soircas bhon a bha mi beag, bìodach oir bha leabhar brèagha, dathte agam làn stòiridhean mu mhuinntir an t-soircais. Cuideachd, bha mi air soircas fhaicinn air a' bhogsa turas no dhà is bha an t-aodach gleansach is na beathaichean annasach gam tharraing.

**CEISTEAN**

1. Dè an aois a bha an sgrìobhadair aig an àm?

ochd	
ochd deug	
ochdad	

**1**

2. Carson a bha e air saor-làithean ann an Glaschu?

---



---

**2**

3. Cò ris a bha an leabhar aige coltach?

---



---

**2**

4. Dè bha anns an leabhar?

---



---



---

**3**

5. Dè gu h-àraidh a bha a' còrdadh ris nuair a chunnaic e soircas air an telebhisean?

---

---

2

(10)

**[Tionndaidh an duilleag**

**EARRANN B**

Bha cleasan ann de gach seòrsa: daoine a' coiseachd air ròp shuas gu h-àrd; amadain ghòrach a' toirt gàire oirnn is fear eile le cheann ann am beul tigeir. Chan fhaca mi riamh beathaichean mar seo is bha e doirbh dhomh chreidsinn gun robh iad cho faisg air làimh.

Feumaidh mi aideachadh gur iad na h-aibheanan a bu mhotha a chòrd rium. Bha trì dhiubh ri cleasachd. Faisg air an deireadh, sheas aibhean òg ann am meadhan na teanta. Fhuair mi fhèin agus clann eile cothrom a dhol air a dhruim agus thog neach-cuideachaidh dealbhan a reic e ri ar pàrantan. Tha muinntir an t-soircais a' gabhail a h-uile cothrom airgead a dhèanamh. Tha an dealbh sin agamsa fhathast agus tha e an còmhnaidh a' toirt nam chuimhne an oidhche àraid ud.

**CEISTEAN**

1. Ainmich **dà** rud eadar-dhealaichte a chunnaic an sgrìobhadair aig an t-soircas.

---



---

2

2. Ciamar a bha e a' faireachdainn a' coimhead air na beathaichean annasach cho faisg air?

Bha an t-eagal air	
Cha do shaoil e mòran dheth	
Bha e doirbh dha chreidsinn	

1

3. Dè a b' fheàrr a chòrd ris?

---

1

4. Dè thachair faisg air deireadh na h-oidhche?

---



---



---

3

*Comharraidhean*

5. Ciamar a rinn an soirceas airgead às an seo?

---

---

2

6. Ciamar a tha deagh chuimhne aig an sgrìobhadair air an oidhche?

---

1

**(10)**

**[Tionndaidh an duilleag**

**EARRANN C**

Chaidh a' chiad shoircas a chur air bhonn ann an Sasainn anns an ochdamh linn deug le Philip Astley. B' àbhaist dha a bhith ag obair le eich anns an arm ach nuair a dh'fhàg e a dhreuchd, thòisich e air cleasan a dhèanamh far am biodh e na sheasamh air an each fhad 's a bhiodh e a' marcachd. Dh'fhosgail e sgoil ann an Lunnainn far an do dh'ionnsaich e sgilean mar seo do dhaoine eile. An ceann greis, bha e airson sealltainn do dhaoine eile cho comasach 's a bha e fhèin agus a chuid sgoilearan. Mar sin, cheannaich e seann talla far am biodh daoine a' tighinn dhan coimhead.

Saoilidh mi nach eil an aon ùidh aig daoine ann an soircasan an-diugh bhon a tha iad draghail mun dòigh beatha a tha aig na beathaichean bochda.

**CEISTEAN**

1. Cuin a chaidh a' chiad shoircas a chur air bhonn?

\_\_\_\_\_ 1

2. Càite an d' fhuair Philip Astley eòlas air a bhith ag obair le eich?

\_\_\_\_\_ 1

3. Dè a' chiad chleas a dh'fheuch e?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

4. Càite an tug e seachad trèanadh do dhaoine eile?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

5. Ciamar a fhuair e cothrom sealltainn don t-sluagh cho math 's a bha e fhèin is a chuid sgoilearan?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_ 2

6. Carson nach eil ùidh cho mòr aig daoine anns an t-soircas an-diugh?

---

---

2

(10)  
[30]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**